

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**\*Please scroll down for English Version\***

## TACHARTAS IONNSACHADH TEAGHLAICH SAN EILEAN SGITHEANACH – IUCHAR 2011

### 28 Am Faoilteach 2011

Tha a' Bhuidheann Ath-sgrùdaidh airson Gàidhlig aig Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd (CLADRG) toilichte nochdadh gun tèid tachartas Ionnsachadh Teaghlaich airson theaghlaichean le Gàidhlig a chumail aig Sabhal Mòr Ostaig (SMO) san Eilean Sgitheanach air an t-seachdain a' tòiseachadh Diluain 4mh Iuchar 2011. Tha an tachartas fad-seachdain seo fosgailte do theaghlaichean aig a bheil clann a tha a' faighinn foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus tha e a' toirt cothrom do phàrantan aon de chùrsaichean cànan na colaiste a fhrithéaladh fhad 's a tha an cuid-cloinne a' gabhail pàirt ann an iomadh cur-seachad spòrs, ealain agus eile (leithid kayaking) tro mheadhan na Gàidhlig. Togaidh tachartas na bliadhna seo air na tachartasan soirbheachail a chaidh a chumail thairis air na seachd bliadhna a dh'fhalbh agus bidh a' cholaiste, aon uair eile, air a ghabhail seachad airson an tachartais fad na seachdain. An-uiridh, ghabh còrr is 30 teaghlach bho air feadh na Gàidhealtachd, nan Eileanan agus meadhan Alba an cothrom tighinn a dh'ionnsachadh is a chluiche ann an àrainneachd Ghaidhlig aig a' cholaiste ann an Slèite an ceann a deas an Eilein Sgitheanaich agus bha iad uile a' dèanamh moladh mòr air na bhuannaich iad bhon tachartas. Airson tuilleadh fiosrachaidh, agus foirm iarrtais, bu chòir do theaghlaichean fios a chur gu Co-òrdanaiche a' Phròiseict air post-d aig [flw.clad@yahoo.co.uk](mailto:flw.clad@yahoo.co.uk) no air am fòn air 0797 273 5413. Feumar iarrtasan a thilleadh gu Co-òrdanaiche a' Pròiseict ro 25mh Màrt aig a' char as fhaide. 'S ann gann a tha àiteachan agus, mar sin, thathar a' moladh gun cuir sibh thugainn na foirmean iarrtais cho luath 's a ghabhas. Thèid innse do theaghlaichean tràth sa Ghiblean an do shoirbhich leotha len iarrtasan. Tha am pròiseact seo air a mhaoineachadh le CLADRG agus Bòrd na Gàidhlig agus thathar a' toirt taing mhòr do Shabhal Mòr Ostaig agus do Chomhairle na Gàidhealtachd airson an taic.

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



## **FAMILY LEARNING EVENT IN SKYE – JULY 2011**

**28 January 2011**

The Community Learning & Development Review Group for Gaelic (CLADRG) is pleased to announce that a Family Learning event for Gaelic-speaking families will be held at Sabhal Mòr Ostaig (SMO) on the Isle of Skye during the week beginning Monday 4th July 2011. This week-long event is open to families with children being educated through the medium of Gaelic and offers the opportunity for parents to attend one of the college's language courses while their children take part in a wide range of sports, arts and other activities (e.g. kayaking) through the medium of Gaelic. This year's event will build on the success of the previous seven annual events and the college will again be dedicated to the event for its duration. Last year more than 30 families from across the Highlands, Islands and the central belt took advantage of the opportunity to learn and play in a Gaelic-speaking environment at the college in Sleat in the south of Skye and all were enthusiastic about the benefits of the experience. For more information, and for an application form, families should contact the Project Co-ordinator by e-mail on [flw.clad@yahoo.co.uk](mailto:flw.clad@yahoo.co.uk) or by telephone on 0797 273 5413.

Application forms must be returned to the Project Co-ordinator by 25th March at the latest.

Places are limited, so early submission of applications is recommended. Families will be advised in early April whether their applications have been successful.

This project is funded by CLADRG and Bòrd na Gàidhlig and the support of Sabhal Mòr Ostaig and Highland Council is gratefully acknowledged.